

Pàirt 1

- a. Dè tha air a ràdh mun Ghàidhlig aig toiseach na h-earrainn? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa.

1

	Gu bheil i air a bhith ann an Alba airson ùine mhòr.
	Gun tàinig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla a dh'Alba mun aon àm.
	Gur i an cànan as sine a tha fhathast ga bruidhinn ann an Alba.

- b. Cò às a thàinig a' Ghàidhlig a dh'Alba?

1

- c. Cuin a thàinig a' Ghàidhlig a dh'Alba?

1

- d. Càit an do rinn na daoine seo an dachaigh ann an Alba?

2

- e. Dè an seòrsa dhaoine a bh' anns na Gàidheil, na Cruithnich agus na Breatannaich?

1

- f. Dè tha air a ràdh mu na trì treubhan seo? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa.

1

	Thuigeadh iad a chèile ged nach robh an aon chànan aca.
	Bha iad gu math coltach ri chèile.
	Bha dòighean-beatha agus cànan eadar-dhealaichte aca.

Pàirt 2

- a. Carson nach robh na Cruithnich cho làidir bhon naoidheamh linn a-mach? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa.

1

	Bha iad a' sabaid nam measg fhèin.
	Bha na Lochlannaich a' toirt ionnsaigh orra.
	Cha robh armachd cho math aca.

- b. Dè thachair airson a' chiad uair anns an naoidheamh linn? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa.

2

	Chaidh an t-ainm Alba a chleachdadh.
	Chaidh na Lochlannaich a chur a-mach à Alba.
	Bha dachaigh an rìgh ann an Dùn Èideann.
	Bha aon rìgh os cionn na dùthcha air fad.

- c. Dè an ìre chun an robh a' Ghàidhlig air a bruidhinn anns an aonamh linn deug?

2

Pàirt 3

- a. Dè an fhianais a th' againn gum bi cànanain ag atharrachadh? 2

- b. Dè cho fada 's a bha e mus do nochd atharrachaidhean eadar Gàidhlig na h-Alba agus Gàidhlig na h-Èireann? 1

- c. Dè an dòigh san tug na Lochlannaich buaidh air Gàidhlig na h-Alba? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa. 1

	Chan eil faclan à Lochlannais anns a' chànan.
	Tha tòrr fhaclan à Lochlannais anns a' chànan.
	Mhill na Lochlannaich a' Ghàidhlig.

An earrann gu lèir

Smaoinich air an earrainn air fad.

- a. Nad bheachd-sa, dè am prìomh amas a bha aig an sgrìobhadair anns an earrainn seo?

1

	Innse mu eachdraidh na Gàidhlig chun an latha an-diugh.
	Innse mar a tha Gàidhlig na h-Alba agus Gàidhlig na h-Èireann air an dlùth-cheangal.
	Innse mar a sgaoil a' Ghàidhlig an dèidh dhi tighinn a dh'Alba.

- b. Dè an t-ainm a bhiodh freagarrach air prògram rèidio mar seo?

1

- c. Chuala tu a' chiad phrògram ann an sreath mun Ghàidhlig. Nad bheachd-sa, cò mu dheidhinn a bhiodh an dàrna prògram san t-sreath?

1

20